



Nuadh-eòlas Àrd-Ìre Adhartach

Còd a' chùrsa:	C87577
Còd a' mheasaidh cùrsa:	X875 77
SCQF:	Ìre 7 (32 puingean creideis SCQF)
Dligheach bho:	seisean 2019–20

Tha an sgrìobhainn seo a' tabhann fiosrachadh mionaideach air a' chùrsa is air measadh a' chùrsa gus dèanamh cinnteach gun tèid measadh cunbhalach is trid-shoilleir a dhèanamh bliadhna an dèidh bliadhna. Tha i a' toirt cunntas air structar a' chùrsa agus air measadh a' chùrsa a thaobh nan sgilean, eòlas is tuigse a thathas a' measadh.

Tha an sgrìobhainn seo airson tidsearan is òraidichean, agus gheibhear am fiosrachadh riatanach air fad ann airson an cùrsa a libhrigeadh.

Faodaidh am fiosrachadh san sgrìobhainn seo a bhith air ath-riochdachadh mar thaic do theisteanasan SQA a-mhàin, air bunait neo-choimearsalta. Ma thèid ath-riochdachadh, feumar aithne shoilleir a thoirt do SQA. Ma thèid ath-riochdachadh airson adhbhar sam bith eile, feumar cead sgrìobhte fhaotainn bho permissions@sqa.org.uk.

An deasachadh seo: An Gearran 2019 (dreach 2.0)

© Ùghdarras Theisteanas na h-Alba 2014, 2019

Clàr-innse

Geàrr-iomradh a' chùrsa	1
Feallsanachd a' chùrsa	2
Adhbhar is amasan	2
Cò dha a tha an cùrsa seo?	3
Susbaint a' chùrsa	4
Sgilean, eòlas is tuigse	4
Sgilean ionnsachaidh, sgilean beatha is sgilean cosnaidh	10
Measadh cùrsa	12
Structar measadh cùrsa: pàipear cheistean	12
Structar measadh cùrsa: pròiseact-tràchdas	14
Rangachadh	16
Co-ionannas agus in-ghabhaltas	17
Fiosrachadh a bharrachd	18
Pàipear-taic: nòtaichean taic cùrsa	19
Ro-ràdh	19
A' leasachadh sgilean, eòlas is tuigse	19
Dòighean-obrach a thaobh ionnsachadh is teagasg	19
Ag ullachadh airson measadh cùrsa	21
A' leasachadh sgilean ionnsachaidh, sgilean beatha agus sgilean cosnaidh	37

Geàrr-iomradh a' chùrsa

Tha an cùrsa seo air a dhèanamh suas à 32 puingean creideis SCQF, a tha a' gabhail a-steach ùine ullachaidh airson measadh a' chùrsa. 'S e 160 uair a thìde an ùine bheachdach do dh'oileanaich airson crìoch a chur air a' chùrsa.

Tha dà cho-phàirt ann am measadh a' chùrsa.

Co-phàirt	Comharran	Ùine
Co-phàirt 1: pàipear cheistean	90	3 uairean a thìde
Co-phàirt 2: pròiseact-tràchdas	50	faic an earrann 'Measadh cùrsa'

Inntrigeadh a th' air a mholadh	Adhartas
<p>Tha inntrigeadh don chùrsa seo a rèir toil an ionaid.</p> <p>Bu chòir do dh'oileanaich an cùrsa Nuadh-eòlas Àrd-Ìre no teisteanasan agus/no eòlas co-ionann a choileanadh mus tòisich iad air a' chùrsa.</p>	<ul style="list-style-type: none">◆ cùrsaichean ceuma ann an cuspairean sòisealta agus eòlasan sòisealta no raointean co-cheangailte◆ tuilleadh foghlaim, cosnadh agus/no trèanadh

Cumhaichean duaise

Bidh an ìre a thèid a bhuileachadh stèidhichte air na comharran iomlan a fhuairidh tarsainn an dà co-phàirt de mheasadh a' chùrsa.

Feallsanachd a' chùrsa

Tha Cùrsaichean Nàiseanta stèidhichte air luachan, adhbharan agus prionnsapalan a' Churraicealaim airson Sàr-mhathais. Bidh iad a' tabhann so-lùbachd, a' toirt seachad ùine airson ionnsachadh, a' cur fòcas air sgilean agus air ionnsachadh a chur an gnìomh, agus a' toirt seachad cothrom airson pearsanachadh is roghainn.

Bidh gach cùrsa a' toirt chothroman do dh'oileanaich farsaingeachd, dùbhlán agus gnìomhadh a leasachadh. Tha fòcas agus co-chothrom a' mheasaidh air an deilbh airson gach raon cuspaireil.

Bidh an cùrsa seo a' brosnachadh oileanaich gu tuigse nas motha a leasachadh air saoghal an latha an-diugh agus air an àite a tha aca ann. Bidh cothroman aca seasamhan cudromach a leasachadh, leithid spèis air luachan, creideasan agus cultaran a' chàich; fosgailteachd do smaoineachadh ùr agus beachdan ùra; agus faireachdainn de dhleastanas agus saoranachd chruinneil.

Bidh an cùrsa a' comasachadh oileanaich gus fèin-ùghdarras a thaisbeanadh nan cuid ionnsachaidh tro bhith a' rannsachadh agus ag anailiseachadh, tro sgrìobhadh leudaichte, tro sgilean sgrùdaidh neo-eisimeilich, agus tro bhreithneachadh a chur an gnìomh.

Adhbhar is amasan

Bidh an cùrsa a' cleachdadh dòigh-obrach ioma-chuspaireil gus eòlas is tuigse nan oileanach a leasachadh air cùisean poiliteach is sòisealta an latha an-diugh ann an co-theacsaichean ionadail, Albannach, na Rìoghachd Aonaichte agus eadar-nàiseanta. Bidh oileanaich a' leasachadh nan sgilean gus na pròiseasan poiliteach is sòisealta, air am bi iad a' tachairt nam beathannan làitheil, a thuigsinn agus pàirt a ghabhail annta.

Tha an cùrsa ag amas air oileanaich a dhèanamh comasach a bhith:

- ◆ ag anailiseachadh nam pròiseasan iom-fhillte poiliteach is sòisealta a bhios a' comasachadh tuigse air co-chomann an latha an-diugh
- ◆ a' tuigsinn is ag anailiseachadh chùisean iom-fhillte poiliteach no sòisealta san Rìoghachd Aonaichte agus a' cleachdadh dòigh-obrach choimeasach eadar-nàiseanta
- ◆ a' leasachadh raon de sgilean practaigeach airson rannsachadh neo-eisimeileach a leigeas leotha rannsachadh a dhèanamh air cùis an latha an-diugh
- ◆ a' taisbeanadh bun-bheachdan iom-fhillte ann an raon de dhòighean
- ◆ a' dèanamh anailis, measadh agus sinteis air raon de stòran co-cheangailte ri cùisean iom-fhillte
- ◆ a' leasachadh eòlas agus tuigse air modhan rannsachaidh nan saidheansan sòisealta
- ◆ a' cur an gnìomh dòigh-obrach ioma-chuspaireil, a' tarraing air anailis bho raon de shaidheansan sòisealta

Cò dha a tha an cùrsa seo?

Bidh an cùrsa iomchaidh do raon de dh'oileanaich, bhuapasan a tha airson tuigse nas motha air co-chomann an latha an-diugh fhaighinn agus air an àite aca fhèin ann, thucasan a tha ag iarraidh adhartachadh gu trèanadh nas speisealta, foghlam adhartach, no cosnadh.

Susbaint a' chùrsa

Tha trì raointean sgrùdaidh sa chùrsa: cùisean poilitigeach; lagh is rian; agus neo-ionannachd shòisealta. Bidh so-lùbachd nach beag ann a thaobh nan tèamaichean a dh'fhaodar sgrùdadh taobh a-staigh gach raon, agus bidh seo a' ceadachadh pearsanachadh agus roghainn.

Sgilean, eòlas is tuigse

Sgilean, eòlas is tuigse airson a' chùrsa

Tha na leanas a' toirt foir-shealladh farsaing air na sgilean cuspaireil, eòlas agus tuigse a thathar a' leasachadh sa chùrsa:

- ◆ a' cur an gnìomh eòlas agus tuigse air cùisean iom-fhillte poilitigeach no sòisealta san Rìoghachd Aonaichte agus a' cleachdadh dòigh-obrach choimeasach eadar-nàiseanta
- ◆ a' fireanachadh agus ag anailiseachadh chùisean iom-fhillte poilitigeach no sòisealta
- ◆ a' dèanamh anailis, measadh agus sinteis air raon farsaing de fhianais agus argamaidean
- ◆ a' dèanamh anailis agus measadh air bunan fiosrachaidh agus air modhan rannsachaidh nan saidheansan sòisealta
- ◆ a' planadh, a' rannsachadh, a' tionail agus a' clàradh fiosrachadh
- ◆ a' mìneachadh dòighean sam faod toraidhean a bhith air an eagrachadh agus air an taisbeanadh agus sam faod iomraidhean a bhith air an dèanamh orra
- ◆ sinteis a dhèanamh air fiosrachadh gus loidhne argamaid sheasmhach agus cho-thàthach a leasachadh, a' treòrachadh a dh'ionnsaigh co-dhùnadh, le taic bho fhianais

Sgilean, eòlas is tuigse airson measadh a' chùrsa

Tha na leanas a' toirt mion-fhiosrachadh air sgilean, eòlas agus tuigse a bhios air an samplachadh ann am measadh a' chùrsa.

Pàipear cheistean

Bidh trì roinnean roghainneil sa phàipear cheistean agus bidh iad a' toirt shampallan bho na sgilean, eòlas is tuigse mar a leanas:

Earrann 1: Cùisean poiliteagach agus modhan rannsachaidh

Ann an cuspairean A gu C, bidh oileanaich a' cleachdadh dòigh-obrach choimeasach airson anailis agus measadh a dhèanamh air co-choltasan agus diofaran eadar an Rìoghachd Aonaichte (a' gabhail a-steach Alba) agus dùthchannan eadar-nàiseanta eile a thaobh chùisean iom-fhillte poiliteagach. Bidh so-lùbachd aig oileanaich a thaobh nan dùthchannan eadar-nàiseanta a thaghas iad airson coimeas a dhèanamh leis an Rìoghachd Aonaichte.

Ann an cuspair D, bidh oileanaich a' sgrùdadh modhan rannsachaidh is cùisean bho na saidheansan sòisealta. Bithear a' cleachdadh sgrùdaidhean cùise agus eisimpleirean buntainneach an dara cuid bho cho-theacsaichean an latha an-diugh no bho mhodhan rannsachaidh nan saidheansan sòisealta a chleachd an t-oileanach fhèin.

A: cumhachd agus buaidh

- ◆ na buaidhean air a' phròiseas poiliteagach, a' gabhail a-steach buidhnean-ùidhe agus na meadhanan
- ◆ a' chumhachd is a' bhuidh a tha aig pàrtaidhean poiliteagach
- ◆ siostaman taghaidh agus teòiridhean air modh-giùlain luchd-bhòtaidh

B: ideòlas poiliteagach

- ◆ ideòlasan poiliteagach, a' gabhail a-steach Libearalachd, Tòraidheachd, Sòisealachd agus Nàiseantachd
- ◆ mar a tha ideòlas buntainneach ri pàrtaidhean poiliteagach an latha an-diugh, a' gabhail a-steach Libearalachd, Tòraidheachd, Sòisealachd agus Nàiseantachd
- ◆ a' bhuidh a tha aig ideòlas air cùisean poiliteagach an latha an-diugh

C: structaran poiliteagach

- ◆ bun-reachdan agus siostaman poiliteagach
- ◆ dàimhean eadar diofar mheuran de riaghaltas
- ◆ dàimhean eadar diofar ìrean de riaghaltas

D: modhan rannsachaidh is cùisean bho na saidheansan sòisealta

Modh-obrach rannsachaidh

- ◆ anailis, measadh agus coimeas air modhan rannsachaidh, a' gabhail a-steach:
 - staitistigs oifigeil
 - suirbhidhean — tron phost, air an fòn agus air-loidhne
 - agallamhan — structaraichte, leth-structaraichte agus neo-structaraichte
 - buidhnean breithneachaidh
 - sgrùdadh-sùla — os ìseal agus follaiseach
 - sgrùdaidhean cùise
 - rannsachaidhean tar-aimsireil

Measadh stòran

- ◆ measadh breithneachail air bunan fiosrachaidh, a' gabhail a-steach:
 - dàta luchd-rannsachaidh eile
 - staitistigs is aithisgean oifigeil

- sgrìobhainnean prìobhaideach is pearsanta
- suirbhidhean
- agallamhan
- buidhnean breithneachaidh
- sgrùdadh-sùla orrasan a tha, agus orrasan nach eil, a' gabhail pàirt
- na tha na meadhanan a' cur a-mach
- na thathar a' cur a-mach air an eadar-lìon
- sgrùdaidhean cùise

Earrann 2: Lagh is rian agus modhan rannsachaidh

Ann an cuspairean A gu C, bidh oileanaich a' cleachdadh dòigh-obrach choimeasach airson anailis agus measadh a dhèanamh air co-choltasan agus diofaran eadar an Rìoghachd Aonaichte (a' gabhail a-steach Alba) agus dùthchannan eadar-nàiseanta eile a thaobh chùisean iom-fhillte lagh is rian. Bidh so-lùbachd aig oileanaich a thaobh nan dùthchannan eadar-nàiseanta a thaghas iad airson coimeas a dhèanamh leis an Rìoghachd Aonaichte.

Ann an cuspair D, bidh oileanaich a' sgrùdadh modhan rannsachaidh is cùisean bho na saidheansan sòisealta. Bithear a' cleachdadh sgrùdaidhean cùise agus eisimpleirean buntainneach an dara cuid bho cho-theacsaichean an latha an-diugh no bho mhodhan rannsachaidh nan saidheansan sòisealta a chleachd an t-oileanach fhèin.

A: a' tuigsinn an t-siostaim ceartas eucoirean

- ◆ frèaman-obrach breitheach
- ◆ còraichean daonna, saorsainnean catharra agus an siostam ceartas eucoirean
- ◆ cùisean ceartas eucoirean

B: a' tuigsinn modh-giùlain eucoireach

- ◆ mìneachaidhean, tomhasan agus aithneanas eucoir
- ◆ mar a tha teòiridhean air modh-giùlain eucoireach buntainneach ris an latha an-diugh, a' gabhail a-steach teòiridhean beò-eòlach, saidhceòlach agus soiseòlach
- ◆ a' bhuaidh shòisealta is eaconamach a tha aig eucoir air fulangaichean, ciontaichean, teaghlaidhean agus co-chomann nas fharsainge

C: freagairtean a' cho-chomainn ri eucoir

- ◆ mar a tha teòiridhean air peanasachadh buntainneach ris an latha an-diugh, a' gabhail a-steach peanas mar chulaidh-bhacaidh, ath-ghnàthachaidh an eucoirich, neo-chomasachadh, breitheanasachd agus càineadh
- ◆ freagairtean ro-chasgach ri eucoir, a' gabhail a-steach ro-innleachdan poileis, dòighean-obrach ioma-bhuidheann agus eadar-theachdan tràtha
- ◆ freagairtean ceartas eucoireach ri eucoir, a' gabhail a-steach binnean prìosain agus neo-phrìosain

D: modhan rannsachaidh is cùisean bho na saidheansan sòisealta

Modh-obrach rannsachaidh

- ◆ anailis, measadh agus coimeas air modhan rannsachaidh, a' gabhail a-steach:
 - staitistigs oifigeil
 - suirbhidhean — tron phost, air an fòn agus air-loidhne
 - agallamhan — structaraichte, leth-structaraichte agus neo-structaraichte
 - buidhnean breithneachaidh
 - sgrùdadh-sùla — os ìseal agus follaiseach
 - sgrùdaidhean cùise
 - rannsachaidhean tar-aimsireil

Measadh stòran

- ◆ measadh breithneachail air bunan fiosrachaidh, a' gabhail a-steach:

- dàta luchd-rannsachaidh eile
- staitistigs is aithisgean oifigeil
- sgrìobhainnean prìobhaideach is pearsanta
- suirbhidhean
- agallamhan
- buidhnean breithneachaidh
- sgrùdadh-sùla orrasan a tha, agus orrasan nach eil, a' gabhail pàirt
- na tha na meadhanan a' cur a-mach
- na thathar a' cur a-mach air an eadar-lìon
- sgrùdaidhean cùise

Earrann 3: Neo-ionannachd shòisealta agus modhan rannsachaidh

Ann an cuspairean A gu C, bidh oileanaich a' cleachdadh dòigh-obrach choimeasach airson anailis agus measadh a dhèanamh air co-choltasan agus diofaran eadar an Rìoghachd Aonaichte (a' gabhail a-steach Alba) agus dùthchannan eadar-nàiseanta eile a thaobh chùisean iom-fhillte neo-ionannachd shòisealta. Bidh so-lùbachd aig oileanaich a thaobh nan dùthchannan eadar-nàiseanta a thaghas iad airson coimeas a dhèanamh leis an Rìoghachd Aonaichte.

Ann an cuspair D, bidh oileanaich a' sgrùdadh modhan rannsachaidh is cùisean bho na saidheansan sòisealta. Bithear a' cleachdadh sgrùdaidhean cùise agus eisimpleirean buntainneach an dara cuid bho cho-theacsaichean an latha an-diugh no bho mhodhan rannsachaidh nan saidheansan sòisealta a chleachd an t-oileanach fhèin.

A: a' tuigsinn neo-ionannachd shòisealta

- ◆ mìneachaidhean, tomhasan agus aithneanas neo-ionannachd
- ◆ filleadaireachd shòisealta
- ◆ mar a tha teòiridhean an latha an-diugh air neo-ionannachd buntainneach, a' gabhail a-steach air-letheachas, foincseanachd, structaireachd agus teòiridh còmhstrithe

B: a' bhuidh a tha aig neo-ionannachd shòisealta

- ◆ a' bhuidh a tha aig neo-ionannachd aig ìre a' phearsa fa leth, a' gabhail a-steach foghlam, cosnadh, slàinte inntinn agus caitheamh beatha
- ◆ a' bhuidh a tha aig neo-ionannachd aig ìre ionadail, a' gabhail a-steach tàthadh sòisealta, cliù, seirbheisean agus gnothachais
- ◆ a' bhuidh a tha aig neo-ionannachd aig ìre nàiseanta, a' gabhail a-steach cùram slàinte, taigheadas, sochairean sòisealta agus cion-cosnaidh

C: freagairtean ri neo-ionannachd shòisealta

- ◆ teòiridhean air freagairtean ri neo-ionannachd, a' gabhail a-steach air-letheachas agus co-shealbhachd
- ◆ freagairtean riaghaltais ri neo-ionannachd
- ◆ freagairtean bhuidhnean neo-riaghaltais ri neo-ionannachd

D: modhan rannsachaidh is cùisean bho na saidheansan sòisealta

Modh-obrach rannsachaidh

- ◆ anailis, measadh agus coimeas air modhan rannsachaidh, a' gabhail a-steach:
 - staitistigs oifigeil
 - suirbhidhean — tron phost, air an fòn agus air-loidhne
 - agallamhan — structaraichte, leth-structaraichte agus neo-structaraichte
 - buidhnean breithneachaidh
 - sgrùdadh-sùla — os ìseal agus follaiseach
 - sgrùdaidhean cùise
 - rannsachaidhean tar-aimsireil

Measadh stòran

- ◆ measadh breithneachail air bunan fiosrachaidh, a' gabhail a-steach:

- dàta luchd-rannsachaidh eile
- staitistigs is aithisgean oifigeil
- sgrìobhainnean prìobhaideach is pearsanta
- suirbhidhean
- agallamhan
- buidhnean breithneachaidh
- sgrùdadh-sùla orrasan a tha, agus orrasan nach eil, a’ gabhail pàirt
- na tha na meadhanan a’ cur a-mach
- na thathar a’ cur a-mach air an eadar-lìon
- sgrùdaidhean cùise

Pròiseact-tràchdas

Bidh oileanaich a’ taghadh cuspair no cùis nuadh-eòlais sam bith a tha a’ dèiligeadh ri cùis iom-fhillte phoilitigeach no shòisealta an latha an-diugh. Chan eil an roghainn aca air a cuibhreachadh le susbaint a’ phàipeir cheistean.

Bidh na sgilean, eòlas is tuigse a gheibhear sa chùrsa iomchaidh don ìre SCQF a tha aig a’ chùrsa. Bidh na tuairisgeulaichean ìre SCQF a’ toirt tuilleadh fiosrachadh air na feartan agus air an dèanadas a thathar a’ sùileachadh aig gach ìre SCQF, agus tha iad rim faotainn air làrach-lìn SCQF.

Sgilean ionnsachaidh, sgilean beatha is sgilean cosnaidh

Bidh an cùrsa seo a’ cuideachadh oileanaich gus sgilean farsaing coitcheann a leasachadh. Bidh na sgilean sin stèidhichte air [Frèam-obrach Sgilean SQA: Sgilean Ionnsachaidh, Sgilean Beatha agus Sgilean Cosnaidh](#) agus bidh iad a’ tarraing bho na prìomh raointean sgilean a leanas:

1 Litearrachd

- 1.1 Leughadh
- 1.2 Sgrìobhadh

2 Àireamhachd

- 2.3 Làimhseachadh fiosrachaidh

4 Comas-obrach, iomairt agus saoranachd

- 4.6 Saoranachd

5 Sgilean smaoineachaidh

5.3 A' cur an gnìomh

5.4 Ag anailiseachadh agus a' measadh

Feumaidh tidsearan agus òraidichean na sgilean sin fhisge a-steach don chùrsa aig ìre iomchaidh, far a bheil cothroman freagarrach ann.

Measadh cùrsa

Bidh measadh cùrsa stèidhichte air an fhiosrachadh a gheibhear san t-sònrachadh cùrsa seo.

Bidh measadh a' chùrsa a' coileanadh adhbharan is amasan a' chùrsa le bhith a' dèiligeadh ri:

- ◆ farsaingeachd — a' tarraing air eòlas agus sgilean bho air feadh a' chùrsa
- ◆ dùbhlán — ag iarraidh barrachd doimhneachd no leudachaidh air eòlas agus/no sgilean
- ◆ gnìomhadh — ag iarraidh air oileanaich eòlas agus/no sgilean a chur an gnìomh ann an co-theacsaichean practaigeach no teòiridheach mar a bhios iomchaidh.

Bidh seo a' comasachadh oileanaich a bhith:

- ◆ a' tarraing air, a' leudachadh agus a' cur an gnìomh na sgilean, eòlas agus tuigse a fhuairidh tron chùrsa
- ◆ a' taisbeanadh doimhneachd de dh'eòlas agus tuigse, a bharrachd air sgilean a chur an gnìomh
- ◆ a' taisbeanadh dùbhlán agus gnìomhadh tro rannsachadh neo-eisimeileach a thaobh cùis iomchaidh an latha an-diugh

Structar measadh cùrsa: pàipear cheistean

Pàipear cheistean

90 comharra

Bidh riarachadh iomlan de 90 comharra aig a' phàipear cheistean. Is e seo 64% de na comharran iomlan airson measadh a' chùrsa.

Bidh am pàipear cheistean a' tarraing air na sgilean, eòlais is tuigse a fhuairidh bho air feadh a' chùrsa.

Bidh e a' leigeil le oileanaich a bhith:

- ◆ a' cur an gnìomh eòlas agus tuigse air cùisean iom-fhillte poilitigeach no sòisealta san Rìoghachd Aonaichte agus a' cleachdadh dòigh-obrach choimeasach eadar-nàiseanta
- ◆ a' fireanachadh agus ag anailiseachadh chùisean iom-fhillte poilitigeach no sòisealta
- ◆ a' dèanamh anailis, measadh agus sinteis air raon farsaing de fhianais agus argamaidean
- ◆ a' dèanamh anailis agus measadh air bunan fiosrachaidh agus air modhan rannsachaidh nan saidheansan sòisealta

Bidh trì roinnean roghainneil sa phàipear cheistean, a bhios uile luach 90 comharra. Bidh oileanaich a' taghadh aon roinn agus a' freagairt cheistean san roinn sin a-mhàin:

- ◆ Earrann 1: Cùisean poilitigeach agus modhan rannsachaidh. Is iad na cuspairean:

- A: cumhachd agus buaidh
- B: ideòlas poilitigeach
- C: structaran poilitigeach
- D: modhan rannsachaidh is cùisean bho na saidheansan sòisealta
- ◆ Earrann 2: Lagh is rian agus modhan rannsachaidh. Is iad na cuspairean:
 - A: a' tuigsinn an t-siostaim ceartas eucoirean
 - B: a' tuigsinn modh-giùlain eucoireach
 - C: freagairtean a' cho-chomainn ri eucoir
 - D: modhan rannsachaidh is cùisean bho na saidheansan sòisealta
- ◆ Earrann 3: Neo-ionannachd shòisealta agus modhan rannsachaidh. Is iad na cuspairean:
 - A: a' tuigsinn neo-ionannachd shòisealta
 - B: a' bhuidh a tha aig neo-ionannachd shòisealta
 - C: freagairtean ri neo-ionannachd shòisealta
 - D: modhan rannsachaidh is cùisean bho na saidheansan sòisealta

Bidh dà phàirt anns gach roinn den phàipear cheistean:

- ◆ Bidh Pàirt A air a dèanamh suas à ceist bho gach cuspair (A gu C). Bidh oileanaich a' dèanamh oidhirp air:
 - dà cheist a tha a' sireadh freagairt leudaichte, luach 30 comharra mu seach, bho roghainn de trì
- ◆ Bidh Pàirt B air a dèanamh suas à ceistean bho chuspair D. Bidh oileanaich a' dèanamh oidhirp air an dà cheist:
 - aon cheist, luach 15 comharra, air modhan rannsachaidh
 - aon cheist, luach 15 comharra, air urrasachd stòir

Suidheachadh, stiùireadh agus comharrachadh a' phàipeir cheistean

Bidh SQA a' suidheachadh agus a' comharrachadh a' phàipeir cheistean. Thèid a stiùireadh ann an ionadan fo chumhaichean air an sònrachadh le SQA airson dheuchainnean taobh a-muigh.

Bidh 3 uairean a thìde aig oileanaich airson crìoch a chur air a' phàipear cheistean.

Bidh SQA a' dèanamh dearbhadh càileachd air a' chomharrachadh uile.

Tha pàipearan eisimpleir airson chùrsaichean Àrd-ìre Adhartach air am foillseachadh air làrach-lìn SQA. Tha iad a' sealltainn ìre, structar agus riatanasan nam pàipearan cheistean. Tha na pàipearan eisimpleir cuideachd a' gabhail a-steach stiùireadh air comharrachadh.

Structar measadh cùrsa: pròiseact–tràchdas

Pròiseact–tràchdas

50 comharra

Bidh riarachadh iomlan de 50 comharra aig a' phròiseact–tràchdas. Is e seo 36% de na comharran iomlan airson measadh a' chùrsa.

Bidh am pròiseact–tràchdas a' comasachadh oileanaich a bhith a' taisbeanadh nan sgilean, eòlas agus tuigse a tha aca tro sgrùdadh neo-eisimeileach a ghabhail os làimh air cùis iom-fhillte phoilitigeach no shòisealta an latha an-diugh.

Foir-shealladh air pròiseact–tràchdas

Bidh am pròiseact–tràchdas a' leigeil le oileanaich na sgilean, eòlais is tuigse a leanas a thaisbeanadh:

- ◆ a' fireanachadh cùis iom-fhillte phoilitigeach no shòisealta an latha an-diugh a tha freagarrach airson rannsachadh
- ◆ a' dèanamh measadh air modh-obrach rannsachaidh
- ◆ a' cleachdadh raon farsaing de bhunan fiosrachaidh
- ◆ ag anailiseachadh na cùise
- ◆ a' dèanamh measadh air argamaidean is fianais
- ◆ a' dèanamh sinteis air fiosrachadh gus loidhne argamaid sheasmach is cho-thàthach a leasachadh, a tha a' treòrachadh a dh'ionnsaigh co-dhùnadh, le taic bho fhianais
- ◆ ag eachrachadh is a' taisbeanadh toraidhean, agus a' dèanamh iomraidhean orra, a' cleachdadh ghnàthsan freagarrach

Suidheachadh, stiùireadh agus comharrachadh a' phròiseict–tràchdas

Bu chòir do thidsearan is òraidichean stiùireadh reusanta a thoirt air an t-seòrsa de chùis a leigeas le oileanaich riatanasan a' phròiseict–tràchdas a choileanadh. Faodaidh tidsearan is òraidichean oileanaich a stiùireadh air dè cho coltach 's a bhios e gun gabh stòrasan fhaotainn, agus cothrom a ghabhail orra, airson nan cùisean a thagh iad.

Feumaidh oileanaich a bhith ag obair air a' phròiseact–tràchdas aca leis an taic as lugha bhon tidsear no òraidiche.

Bidh am pròiseact–tràchdas air a rianachadh le ionadan a rèir stiùireadh bhon SQA agus air a stiùireadh fo bheagan aireachais agus smachd. Feumaidh oileanaich an fhianais airson a' mheasaidh a sholarachadh gu neo-eisimeileach, ann an àm airson an ceann-latha airson fianais a chur a-steach a tha air òrdachadh le SQA.

Bidh fianais ga cur a-steach gu SQA airson comharrachadh bhon taobh a-muigh.

Bidh SQA a' dèanamh dearbhadh càileachd air a' chomharrachadh uile.

Suidheachaidhean measaidh

Ùine

Bidh am measadh seo air a choileanadh thairis air ùine shuidhichte. Bu chòir do dh'oileanaich tòiseachadh aig àm freagarrach sa chùrsa, a' leigeil ùine gu leòr airson an rannsachadh a ghabhail os làimh.

Aireachas, smachd agus dearbhadh

Feumaidh tidsearan is òraidichean an dleastanas proifeiseanta aca a choileanadh gus dèanamh cinnteach gur e obair an oileanaich fhèin a tha san fhianais a tha air a cur a-steach.

Bidh am pròiseact-tràchdas air a stiùireadh fo bheagan aireachais agus smachd. Tha seo a' ciallachadh, ged a dh'fhaodas oileanaich pàirt den obair a choileanadh taobh a-muigh an t-suidheachaidh ionnsachaidh is teagaisg, bu chòir do thidsearan is òraidichean pròiseasan a chur an gnìomh airson sùil a chumail air adhartas agus airson dèanamh cinnteach gur e an obair saothair an oileanaich fhèin, agus nach robh mèirle-sgrìobhaidh na lùib. Mar eisimpleir:

- ◆ coinneamhan cunbhalach le oileanaich airson sgrùdadh agus/no sùil a chumail air adhartas
- ◆ agallamhan goirid, pearsanta gus sùil a chumail air gnothaichean
- ◆ liostaichean-sgrùdaidh a tha a' clàradh ghniomhachdan agus/no adhartas

Bidh beachdan bhon tidsear no òraidiche air roghnachadh cuspair freagarrach mus tòisich an t-oileanach air an obair. Aon uair 's gu bheilear air obair air a' mheasadh a thòiseachadh, feumaidh an obair uile a bhith na h-obair a rinneadh leis an oileanach.

Bithear a' gabhail ri dòighean obair-bhuidhne rè ìre an rannsachaidh airson a' phròiseict-tràchdas. Ach feumaidh gur e obair an oileanaich fhèin a tha sa phròiseact-tràchdas choileanta.

Faodaidh oileanaich soilleireachadh a shireadh air an stiùireadh airson obair an tràchdais. Sa chàs seo, bu chòir an soilleireachadh a thoirt don chlas iomlan.

Stòrasan

Chan eil cuibhreachaidhean sam bith ann air na stòrasan air am faod cothrom a bhith aig oileanaich.

Cuideachadh reusanta

Feumaidh ionadan dèanamh cinnteach gur e obair an oileanaich fhèin a tha san fhianais airson a' phròiseict-tràchdas aca. Ach faodar cuideachadh reusanta a thoirt seachad. Tha an teirm 'cuideachadh reusanta' air a cleachdadh gus feuchainn ris an fheum air cuideachadh a chothromachadh leis an fheum air cus cuideachaidh a sheachnadh. Ma tha feum aig oileanaich air barrachd na thathar a' meas mar 'cuideachadh reusanta', dh'fhaodadh nach eil iad deiseil airson measadh no dh'fhaodadh gun deach an intrigeadh don ìre cheàrr de theisteanas.

Faodaidh tidsearan is òraidichean cuideachadh reusanta a thoirt seachad air bunait choitcheann do chlas no do bhuidheann oileanaich (mar eisimpleir, comhairle air na cinn-latha airson fianais a chur a-steach). Faodaidh tidsearan is òraidichean cuideachadh reusanta a thoirt do dh'oileanaich air bunait fa leth cuideachd.

Nuair a tha cuideachadh reusanta ga thoirt air bunait aon-ri-aon ann an co-theacsa nì a tha an t-oileanach air a dhèanamh no air a thaisbeanadh mar-thà, tha cunnart ann gun tig e gu bhith na thaic do mheasadh. Feumaidh tidsearan is òraidichean a bhith mothachail nach faodadh seo a bhith a' dol seachad air cuideachadh reusanta.

Fianais ri thional

Bidh an fhianais a leanas riatanach airson a' mheasaidh seo:

- ◆ pròiseact–tràchdas coileanta an oileanaich

Meud

'S e àireamh fhaclan airson a' phròiseict–tràchdas 5,000 facal. Bidh seo a' gabhail a-steach bodhaig an tràchdais agus am measadh air dòighean rannsachaidh, ach bhi e a' gabhail a-steach an clàr-innse, leabhar-chlàr, bonn-nòtaichean no pàipearan-taice. Feumaidh oileanaich an àireamh fhaclan a chur a-steach còmhla ris a' phròiseact–tràchdas choileanta.

Ma tha an àireamh fhaclan a' dol thairis air an uas-mheud barrachd is 10 sa cheud, bithear a' cur peanas an gnìomh.

Rangachadh

Bidh rangachadh iomlan nan oileanach air a dhearbhadh tron choileanadh aca air feadh measadh a' chùrsa. Bidh measadh a' chùrsa air a rangachadh A gu D air bun-stèidh nan comharran iomlan airson an dà cho-phàirt de mheasadh a' chùrsa.

Tuairisgeul airson ìre C

Airson buileachadh ìre C, bidh oileanaich gu h-àbhaisteach air coileanadh soirbheachail a thaisbeanadh a thaobh sgilean, eòlas agus tuigse airson a' chùrsa.

Tuairisgeul airson ìre A

Airson buileachadh ìre A, bidh oileanaich gu h-àbhaisteach air ìre àrd coileanadh a thaisbeanadh gu cunbhalach a thaobh sgilean, eòlas agus tuigse airson a' chùrsa.

Co-ionannas agus in-ghabhaltas

Tha an cùrsa seo air a dheilbh gu bhith cho cothromach agus cho ruigsinneach 's a ghabhas, gun bhacaidhean neo-riatanach sam bith gu ionnsachadh no measadh.

Tha stiùireadh air rèiteachaidhean measaidh do dh'oileanaich chiorramach agus/no dhaibhsan aig a bheil feumalachdan taic a bharrachd ri fhaotainn air duilleag-lìn nan rèiteachaidhean measaidh: <http://www.sqa.org.uk/assessmentarrangements>.

Fiosrachadh a bharrachd

- ◆ • [Duilleag cuspair Nuadh-eòlas Àrd-Ìre Adhartach](#)
- ◆ [Duilleag-lìn rèiteachaidhean measaidh](#)
- ◆ [Togail a' Churraicealaim 3–5](#)
- ◆ [Stiùireadh air Measadh](#)
- ◆ [Stiùireadh air suidheachaidhean measaidh airson obair-chùrsa](#)
- ◆ [Frèam-obrach Sgilean SQA: Sgilean Ionnsachaidh, Sgilean Beatha agus Sgilean Cosnaidh](#)
- ◆ [Dearbhachd Obair-cùrsa: Stiùir do Thidsearan is Òraidichean](#)
- ◆ [Aithisgean Rannsachadh Foghlaim](#)
- ◆ [Stiùireadh SQA air e-measadh do Sgoiltean](#)
- ◆ [Duilleag-lìn e-measadh SQA](#)
- ◆ [Làrach-lìn SCQF: frèam-obrach, tuairisgeulaichean ìre agus leabhar-làimhe SCQF](#)

Pàipear-taic: nòtaichean taic cùrsa

Ro-ràdh

Chan eil na nòtaichean taic seo àithnteil. Tha iad a' toirt comhairle agus stiùireadh do thidsearan is òraidichean mu dhòighean airson an cùrsa a libhrigeadh. Bu chòir do thidsearan is òraidichean na nòtaichean taic seo a leughadh còmhla ris an t-sònrachadh cùrsa agus còmhla ris a' phàipear eisimpleir agus/no obair-cùrsa.

A' leasachadh sgilean, eòlas is tuigse

Tha an earrann seo a' toirt stiùireadh is comhairle air sgilean, eòlas agus tuigse a dh'fhaodadh tidsearan is òraidichean a ghabhail a-steach don chùrsa. Tha tomhas de so-lùbachd aig tidsearan is òraidichean gus co-theacsaichean a thaghadh a bhrosnaicheas oileanaich agus a bheir dùbhlàn dhaibh, a' tabhann an dà chuid farsaingeachd agus doimhneachd.

Bu chòir do thidsearan is òraidichean coimhead ris na h-earrannan 'Susbaint a' chùrsa' agus 'Structar measadh cùrsa' den t-sònrachadh cùrsa airson nan sgilean, eòlas agus tuigse airson a' chùrsa agus airson measadh a' chùrsa.

Tha leasachadh sgilean, gach cuid sgilean a tha sònraichte don chuspair agus sgilean coitcheann, fìor chudromach don chùrsa. Bu chòir do thidsearan is òraidichean oileanaich a dhèanamh mothachail air na sgilean a bhios iad a' leasachadh agus air mar a ghabhas an cleachdadh ann an diofar shuidheachaidhean. Bidh sgilean a ghabhas cleachdadh ann an diofar shuidheachaidhean a' cuideachadh oileanaich le foghlam a bharrachd agus airson èifeachdas pearsanta a mheudachadh.

Bidh feum aig oileanaich air taic agus stiùireadh airson sgilean sgrùdaidh agus ro-innleachdan ionnsachaidh a leasachadh. Bu chòir do thidsearan is òraidichean am brosnachadh gu bhith a' com-pàirteachadh san ionnsachadh aca fhèin le bhith a' lorg fiosrachadh agus san fharsaingeachd a bhith a' sealltainn tionnsgnadh, far a bheil sin iomchaidh. Faodaidh na buannachdan à ionnsachadh co-obrachail, taic cho-aoisean agus ais-fhiosrachadh cho-aoisean a bhith susbainteach, agus bu chòir am brosnachadh.

Tha an earrann 'Dòighean-obrach a thaobh ionnsachadh agus teagasg' a' toirt dòighean-obrach a tha air am moladh, a dh'fhaodas tidsearan is òraidichean a chleachdadh gus sgilean, eòlas agus tuigse a leasachadh.

Dòighean-obrach a thaobh ionnsachadh is teagasg

Aig ìre Àrd-Ìre Adhartach, bidh oileanaich a' leasachadh a' chomais aca barrachd a bhith ag obair gu neo-eisimeileach. Bu chòir do thidsearan is òraidichean oileanaich a bhrosnachadh gu bhith a' cleachdadh, nan cuid ionnsachaidh, dòigh-obrach a tha feòrachail, breithneachail agus a' fuasgladh cheistean, agus bu chòir dhaibh taic a thoirt riutha le bhith a' moladh sgèilean-ama. Bu chòir an cothrom a bhith aig oileanaich cuideachd gus sgilean rannsachaidh a chleachdadh agus a leasachadh, a bharrachd air sgilean luachaidh agus anailiseachaidh. Dh'fhaodadh cuid de na dòighean-obrach a thaobh ionnsachadh agus

teagasg a thathar a' moladh airson irean eile (gu h-àraid Àrd-Ìre) a bhith a' buntainn ri Àrd-Ìre Adhartach cuideachd.

Dh'fhaodadh oileanaich a dhol an sàs ann an caochladh ghnìomhachdan ionnsachaidh a tha freagarrach don chuspair, a' gabhail a-steach:

- ◆ a' rannsachadh fiosrachadh airson a' chuspair aca, a' roghnachadh stòran urrasach, an àite a bhith a' faighinn fiosrachadh bhon tidsear no òraidiche aca
- ◆ a' cleachdadh ghnìomhachdan ionnsachaidh a tha gnìomhail agus neo-chuibhrichte, leithid rannsachadh, sgrùdaidhean cùise agus gnìomhan taisbeanadh
- ◆ a' gabhail os làimh leughadh farsaing agus neo-eisimeileach, mar a b' fheàrr air a tharraing à teacsaichean acadaimigeach
- ◆ a' clàradh, ann an dòigh shiostamataigeach, toraidhean bho rannsachadh agus sgrùdadh neo-eisimeileach à diofar stòran
- ◆ a' taisbeanadh toraidhean agus co-dhùnidhean bho gnìomhan rannsachaidh is sgrùdaidh gu buidheann
- ◆ a' gabhail pàirt ann an obair-bhuidhne còmhla ri co-aoisean agus a' cleachdadh chothroman ionnsachaidh co-obrachail gus sgilean obair-sgioba a leasachadh
- ◆ a' gabhail pàirt ann an còmhradh is deasbad fiosraichte, còmhla ri co-aoisean, far an urrainn do dh'oileanaich an cuid sgilean a thaisbeanadh a thaobh loidhnichean argamaid a cho-dhealbhadh agus a chumail
- ◆ a' rannsachadh choimeasaidhean eadar-nàiseanta air feadh a' chùrsa agus ag amalachadh an fhiosrachaidh seo far a ghabhas dèanamh
- ◆ a' tarraing cho-dhùnidhean bho fhiosrachadh iom-fhillte, air a thional à coimeasgadh de stòran mheadhanan, leithid telebhisean, rèidio, craolaidhean eadar-lìn, artagailean phàipearan-naidheachd, leabhraichean, co-labhairtean agus òraidean
- ◆ a' cleachdadh ghoireasan teicneòlach iomchaidh
- ◆ a' gabhail pàirt ann an sgrìoban-blàir agus cuairtean

Bu chòir do thidsearan is òraidichean taic a thoirt do dh'oileanaich tro chòmhradhean cunbhalach agus ath-fhiosrachadh bitheanta. Dh'fhaodar dèanamh cuid de na gnìomhan ionnsachaidh is teagasg ann am buidhnean agus, far a bheil seo freagarrach, dh'fhaodadh oileanaich ath-fhiosrachadh fhaighinn bho an co-aoisean.

Bu chòir do thidsearan is òraidichean, far an gabh seo dèanamh, cothroman a thoirt gus ionnsachadh a phearsanachadh, agus oileanaich a chomasachadh gus roghainnean a bhith aca air dòighean-obrach ionnsachaidh is teagasg. Bidh seo comasach mar thoradh air an ìre de so-lùbachd ann an cùrsaichean Àrd-Ìre Adhartach agus an neo-eisimeileachd leis am faod oileanaich an obair aca a choileanadh. Bu chòir do thidsearan is òraidichean cothroman a chruthachadh, agus a chleachdadh, airson dòighean-obrach a thaobh ionnsachadh is teagasg a tha in-ghabhaltach. Faodaidh iad seo a dhèanamh le bhith a' cleachdadh caochladh de ro-innleachdan ionnsachaidh is teagasg a tha a' co-fhreagairt ri feumalachdan nan oileanach uile.

Chan eil òrdugh teagasg sam bith air a mholadh airson a' chùrsa seo. Ach bu chòir an cothrom a bhith aig oileanaich raon de chuspairean a sgrùdadh mus tagh iad cuspair no cùis airson a' phròiseict-tràchdas aca. Bu chòir leasachadh sgilean a bhith mar phàirt den

ionnsachadh is teagasg bhon toiseach gus cuideachadh a thoirt do dh'oileanaich na sgilean aca a leasachadh air feadh a' chùrsa.

Ag ullachadh airson measadh cùrsa

Tha an clàr a leanas a' sealltainn nan sgilean, eòlas agus tuigse airson measadh a' chùrsa (colbh cli) agus eisimpleirean de dhòighean sam faodadh an susbaint seo a bhith air a còmhachadh (colbh deas). Tha na h-eisimpleirean mìneachail seo neo-àithnteil, airson comhairle a-mhàin, agus agus chan e liosta iomlan a tha seo.

Bu chòir do dh'oileanaich dòigh-obrach choimeasach eadar-nàiseanta a chur an gnìomh air feadh an sgrùdaidh aca, agus bu chòir so-lùbachd a bhith aca sna coimeasaidhean eadar-nàiseanta a thaghas iad. Chan fheum na dùthchannan a thaghas iad airson sgrùdadh coimeasach a bhith glè eadar-dhealaichte a thaobh nan siostaman poilitigeach no sòisealta aca no na structaran no cùisean aca bhuapasan a gheibhear san Rìoghachd Aonaichte. Faodaidh oileanaich sgrùdadh cùise a choileanadh bho aon dùthaich coimeasach no barrachd dhùthchannan coimeasach, no faodaidh iad fòcasachadh air diofar dhùthchannan coimeasach airson gach cùis no cuspair taobh a-staigh raon sgrùdaidh.

Earrann 1: Cùisean poilitigeach agus modhan rannsachaidh	
A: cumhachd agus buaidh	
Sgilean, eòlas is tuigse airson measadh a' chùrsa	Eisimpleirean de dhòighean-obrach a dh'fhaodar cleachdadh
<ul style="list-style-type: none"> ◆ na buaidhean air a' phròiseas phoilitigeach, a' gabhail a-steach buidhnean-ùidhe agus na meadhanan 	<ul style="list-style-type: none"> ◆ buidhnean-ùidhe : <ul style="list-style-type: none"> — bun-obair agus fàth — dàimhean le pàrtaidhean poilitigeach agus riaghaltas — a' phàirt a chluichear leotha ann an dèanamh poileasaidh mar bhuidheann taobh a-staigh no taobh a-muigh ghnothaichean — buaidh agus èifeachdas ◆ na meadhanan: <ul style="list-style-type: none"> — bun-obair agus fàth — dàimhean le pàrtaidhean poilitigeach agus riaghaltas — pàrteasanas, sealbhadaireachd, riaghladh is smachd nam meadhanan — buaidh agus èifeachdas
<ul style="list-style-type: none"> ◆ a' chumhachd is a' bhuidhean a tha aig pàrtaidhean poilitigeach 	<ul style="list-style-type: none"> ◆ bun-obair agus buntainneas ◆ deamocrasaidh taobh a-staigh agus mar a bhios iad a' dèanamh poileasaidh ◆ ballrachd agus iomairteachd ◆ a' bhuidhean a tha aig pàrtaidhean nas lugha

<ul style="list-style-type: none"> ◆ siostaman taghaidh agus teòiridhean air modh-giùlain luchd-bhòtaidh 	<ul style="list-style-type: none"> ◆ siostaman taghaidh: iolrachd, siostaman a tha co-rèireach no stèidhichte air mòrchuid ◆ taghaidhean agus riarachadh cumhachd ◆ modailean agus teòiridhean airson modh-giùlain luchd-bhòtaidh ◆ a' bhuidhean a tha aig na meadhanan air taghaidhean ◆ toraidhean
B: ideòlas poilitigeach	
Sgilean, eòlas is tuigse airson measadh a' chùrsa	Eisimpleirean de dhòighean-obrach a dh'fhaodar cleachdadh
<ul style="list-style-type: none"> ◆ ideòlasan poilitigeach, a' gabhail a-steach Libearalachd, Tòraidheachd, Sòisealachd agus Nàiseantachd 	<ul style="list-style-type: none"> ◆ prìomh fheartan gach ideòlais: <ul style="list-style-type: none"> — a' phàirt a chluichear leis an stàit — beachdan air nàdar daonna — uachdranas — saorsainnean no còraichean daonna — an eaconamaidh ◆ teòirigichean buntainneach: <ul style="list-style-type: none"> — Libearalachd: Locke agus Mill — Tòraidheachd: Burke agus Disraeli — Sòisealachd: Marx agus Lenin — Nàiseantachd: Mazzini agus Von Herder ◆ anailis choimeasach air co-choltasan is diofaran eadar ideòlasan
<ul style="list-style-type: none"> ◆ mar a tha ideòlas buntainneach ri pàrtaidhean poilitigeach an latha an-diugh, a' gabhail a-steach Libearalachd, Tòraidheachd, Sòisealachd agus Nàiseantachd 	<ul style="list-style-type: none"> ◆ poileasaidh làithreach nam pàrtaidhean poilitigeach agus mar a thathar ga stiùireadh ◆ coimeas ri ideòlas traidiseanta nam pàrtaidhean ◆ co-choltasan agus diofaran eadar prìomh luachan is poileasaidhean nam pàrtaidhean poilitigeach
<ul style="list-style-type: none"> ◆ a' bhuidhean a tha aig ideòlas air cùisean poilitigeach an latha an-diugh 	<ul style="list-style-type: none"> ◆ còraichean daonna agus saorsainnean catharra ◆ tèarainteachd ◆ uachdranas nàiseanta ◆ cìsean ◆ sochairean sòisealta ◆ poileasaidh eaconamach ◆ ùghdarras agus cumhachd ◆ riochdachadh poilitigeach

C: structaran poilitigeach	
Sgilean, eòlas is tuigse airson measadh a' chùrsa	Eisimpleirean de dhòighean-obrach a dh'fhaodar cleachdadh
<ul style="list-style-type: none"> ◆ bun-reachdan agus siostaman poilitigeach 	<ul style="list-style-type: none"> ◆ bun-reachdan còdaichte is neo-chòdaichte ◆ siostaman pàrlamaideach, cinn-suidhe agus aintighearnail ◆ siostaman feadarail, aonadach agus tiomnaichte ◆ reachdadaireachdan aon-seòmarach is dà-sheomarach
<ul style="list-style-type: none"> ◆ dàimhean eadar diofar mheuran de riaghaltas 	<ul style="list-style-type: none"> ◆ a' bhuidheann reachdail ◆ an roinn-ghnìomha ◆ an roinn-cheartais
<ul style="list-style-type: none"> ◆ dàimhean eadar diofar ìrean de riaghaltas 	<ul style="list-style-type: none"> ◆ riaghaltasan ionadail, baile, stàite agus nàiseanta ◆ rianachdan tiomnaichte agus àrd-riaghaltasan ◆ riaghaltasan stàite agus àrd-riaghaltasan ◆ riaghaltasan nàiseanta agus buidhnean stèidhichte os-nàiseanta
D: modhan rannsachaidh nan saidheansan sòisealta agus cùisean	
<p>Modh-obrach rannsachaidh</p> <ul style="list-style-type: none"> ◆ anailis, measadh agus coimeas air modhan rannsachaidh, a' gabhail a-steach: <ul style="list-style-type: none"> — staitistigs oifigeil — suirbhidhean — tron phost, air an fòn agus air-loidhne — agallamhan — structaraichte, leth-structaraichte agus neo-structaraichte — buidhnean breithneachaidh — sgrùdadh-sùla — os ìseal agus follaiseach — rannsachaidhean tar-aimsireil <p>Measadh stòran</p> <ul style="list-style-type: none"> ◆ measadh breithneachail air bunan fiosrachaidh, a' gabhail a-steach: <ul style="list-style-type: none"> — dàta luchd-rannsachaidh eile — staitistigs is aithisgean oifigeil 	<ul style="list-style-type: none"> ◆ measadh breithneachail air modhan rannsachaidh, a' gabhail a-steach beachdachadh air: <ul style="list-style-type: none"> — freagarrachd nam modhan — cnàmh-sgeulan sònraichte — cùisean beusail — modhan agus/no dòighean-obrach eile ◆ measadh breithneachail air bunan fiosrachaidh, le fòcas air:

<ul style="list-style-type: none"> — sgrìobhainnean prìobhaideach is pearsanta — suirbhidhean — agallamhan — buidhnean breithneachaidh — sgrùdadh-sùla orrasan a tha, agus orrasan nach eil, a' gabhail pàirt — na tha na meadhanan a' cur a-mach — na thathar a' cur a-mach air an eadar-lìon — sgrùdaidhean cùise 	<ul style="list-style-type: none"> — earbsachd agus tàbhachd bun na fianaise — eòlas air mar a tha rannsachadh nan saidheansan sòisealta ga stiùireadh — iomradh air rannsachadh no stòran a bharrachd a tha buntainneach — dòighean-obrach eile a bhios a' meudachadh earbsa
---	---

Earrann 2: Lagh is rian agus modhan rannsachaidh**A: a' tuigsinn an t-siostaim ceartas eucoirean**

Sgilean, eòlas is tuigse airson measadh a' chùrsa	Eisimpleirean de dhòighean-obrach a dh'fhaodar cleachdadh
<ul style="list-style-type: none"> ◆ frèaman-obrach breitheach 	<ul style="list-style-type: none"> ◆ siostaman breitheach ◆ ceannas an lagha agus luachan a tha a' laighe fon fhream-obrach bhreitheach ◆ dàimhean eadar an roinn-cheartais, meuran eile de riaghaltas agus buidhnean stèidhichte poilitigeach ◆ ath-bhreithneachadh laghail agus dùbhlain ri ceannas an lagha ◆ neo-eisimeileachd bhritheamhan agus pròiseasan airson an cur an dreuchd
<ul style="list-style-type: none"> ◆ còraichean daonna, saorsainnean catharra agus an siostam ceartas eucoirean 	<ul style="list-style-type: none"> ◆ còraichean daonna agus saorsainnean catharra ◆ còraichean daonna agus rianan bun-reachdail ◆ a' bhuidheachd a tha aig reachdas chòraichean daonna ◆ dùbhlain ri còraichean daonna agus ri saorsainnean catharra ◆ èifeachdas an t-siostaim ceartas eucoirean a thaobh còraichean daonna agus saorsainnean catharra a dh'ion
<ul style="list-style-type: none"> ◆ cùisean ceartais eucoirean 	<ul style="list-style-type: none"> ◆ tèarainteachd nàiseanta ◆ co-ionannachd taobh a-staigh an t-siostaim ceartas eucoirean ◆ obair-phoileis ◆ aireachas

B: a' tuigsinn modh-giùlain eucoireach

Sgilean, eòlas is tuigse airson measadh a' chùrsa	Eisimpleirean de dhòighean-obrach a dh'fhaodar cleachdadh
<ul style="list-style-type: none"> ◆ mìneachaidhean, tomhasan agus aithneanas eucoir 	<ul style="list-style-type: none"> ◆ a' mìneachadh eucoir agus earraid ◆ a' tomhas giùlain eucoireach ◆ aithneanas eucoir ◆ na meadhanan agus iomagainean moralta ◆ eucoir thar ùine
<ul style="list-style-type: none"> ◆ mar a tha teòiridhean air modh-giùlain eucoireach buntainneach ris an latha an-diugh, a' gabhail a-steach 	<ul style="list-style-type: none"> ◆ gine neach-cogaidh ◆ reat-cridhe ìosal nuair aig socair ◆ ìrean serotonin no testosterone

<p>teòiridhean beò-eòlach, saidhceòlach agus soiseòlach</p>	<ul style="list-style-type: none"> ◆ tinneas-intinn fòirneartach ◆ sgrùdaidhean air leasachadh na h-eanchainne ◆ dìth màthaireil ◆ fo-chultaran ◆ ionnsachadh sòisealta ◆ leubaladh ◆ teòiridh nua-Marxach
<ul style="list-style-type: none"> ◆ a' bhuidh shòisealta is eaconamach a tha aig eucoir air fulangaichean, ciontaichean, teaghlaichean agus co-chomann nas fharsainge 	<p>A' bhuidh a tha aig eucoir air fulangaichean:</p> <ul style="list-style-type: none"> ◆ a' bhuidh fiosaigeach ◆ cosgaisean ionmhasail, faireachail agus sòisealta ◆ a' bhuidh saidhceòlach agus/no air slàinte inntinn ◆ stiogma ◆ às-dùnadh sòisealta ◆ èifeachdan co-cheangailte ris an t-seòrsa de dh'eucoir <p>A' bhuidh a tha aig eucoir air ciontaichean:</p> <ul style="list-style-type: none"> ◆ call saoirse ◆ a' bhuidh saidhceòlach agus/no air slàinte inntinn ◆ cosgaisean ionmhasail, faireachail agus sòisealta ◆ stiogma ◆ às-dùnadh sòisealta ◆ èifeachdan co-cheangailte ris an t-seòrsa de dh'eucoir <p>A' bhuidh a tha aig eucoir air teaghlaichean:</p> <ul style="list-style-type: none"> ◆ cosgaisean ionmhasail, faireachail agus sòisealta ◆ anacothrom ga dhoimhneachadh ◆ stiogma ◆ a' bhuidh saidhceòlach agus/no air slàinte inntinn ◆ a' bhuidh air clann <p>A' bhuidh air co-chomann nas fharsainge:</p> <ul style="list-style-type: none"> ◆ tàthadh sòisealta

	<ul style="list-style-type: none"> ◆ lughdachadh àireimh-sluaigh agus/no seachnadh giùlain far am faod daoine a bhith nam fulangaichean ◆ cumhachdachadh choimhearsnachdan ◆ cosgaisean eucoir, a' gabhail a-steach: <ul style="list-style-type: none"> — cosgaisean fulangaiche — cosgaisean ceartas eucoirean — cosgaisean airson milleadh eucoireach a chàradh
C: freagairtean a' cho-chomainn ri eucoir	
Sgilean, eòlas is tuigse airson measadh a' chùrsa	Eisimpleirean de dhòighean-obrach a dh'fhaodar cleachdadh
<ul style="list-style-type: none"> ◆ mar a tha teòiridhean air peanasachadh buntainneach ris an latha an-diugh, a' gabhail a-steach peanas mar chulaidh-bhacaidh, ath-ghnàthachaidh an eucoirich, neo-chomasachadh, breitheanasachd agus càineadh 	<ul style="list-style-type: none"> ◆ mìneachaidhean agus prìomh fheartan ◆ teòirigichean, a' gabhail a-steach: <ul style="list-style-type: none"> — Beccaria — Bentham — Durkheim — Hobbes — Marx — Foucault — Von Hirsch — Garland ◆ mar a tha dòighean peanasach buntainneach ris an latha an-diugh agus eisimpleirean dhiubh ◆ geur-bhreithneachaidhean air teòiridhean is dòighean peanasach
<ul style="list-style-type: none"> ◆ freagairtean ro-chasgach ri eucoir, a' gabhail a-steach ro-innleachdan poileis, dòighean-obrach ioma-bhuidheann agus eadar-theachdan tràtha 	<ul style="list-style-type: none"> ◆ ro-innleachdan obair-phoileis: <ul style="list-style-type: none"> — buannachdan à ro-innleachdan obair-phoileis — slocan-tuislidh a dh'fhaodas teachd gu buil — eisimpleirean de ro-innleachdan — obair-phoileis sa choimhearsnachd, obair-phoileis ann an àiteachan a tha buailteach do dh'eucoir, stad is sgrùd, coimhearsnachdan nas sàbhailte, faire coimhearsnachd, iomairtean casg eucoir nàiseanta ◆ eadar-theachd tràth: <ul style="list-style-type: none"> — buannachdan à eadar-theachd tràth

	<ul style="list-style-type: none"> — slocan-tuislidh a dh'fhaodas teachd gu buil — eisimpleirean de phrògraman eadar-theachd tràth, mar eisimpleir an lèirmheas aig Graham Allen, No Knives Better Lives, eadar-theachd tràth is èifeachdach ◆ dòighean-obrach ioma-bhuidheann: <ul style="list-style-type: none"> — buannachdan à obair chom-pàirteachaidh — slocan-tuislidh a dh'fhaodas teachd gu buil — modhan-obrach ioma-bhuidheann, mar eisimpleir: <ul style="list-style-type: none"> ○ aonad lùghdachadh fòirneirt ○ Ceartas Coimhearsnachd Alba ○ SACRO (Safeguarding Communities — Reducing Offending) ○ NACRO (National Association for the Care and Resettlement of Offenders)
<ul style="list-style-type: none"> ◆ freagairtean ceartas eucoireach ri eucoir, a' gabhail a-steach binnean prìosain agus neo-phrìosain 	<ul style="list-style-type: none"> ◆ freagairtean a bhios a' cumail a' chiontaiche an grèim, a' gabhail a-steach: <ul style="list-style-type: none"> — prìosanan — Ionadan Chiontach Òga (YOIs) — prìosanan boireann agus aonadan cumail an grèim (CCUs): <ul style="list-style-type: none"> ○ gnìomhachd purpasach ○ prògraman foghlaim — dùbhlain no duilgheadasan fan comhair, a' gabhail a-steach: <ul style="list-style-type: none"> ○ dòmhlachadh sluaigh ○ drogaichean ○ fòirneart ○ reataichean de ath-chiontachadh — atharrachaidhean poileasaidh: <ul style="list-style-type: none"> ○ seantansan goirid ○ boireannaich ○ clann ◆ freagairtean nach bi a' cumail a' chiontaiche an greim, a' gabhail a-steach Òrdughan Ais-phàigheadh Coimhearsnachd (CPOs), càinean,

	<p>Òrdughan Làimhseachadh is Deuchainneachadh Dhrogaichean (DTTOs), Òrdughan Cuibhreachadh Saoirse (RLOs), ceartas eiridneach:</p> <ul style="list-style-type: none"> — soirbheas chleachdaidhean eile: <ul style="list-style-type: none"> ○ reataichean de ath-chiontachadh ○ dòighean leis a' phearsa aig a' mheadhan — dùbhlain no duilgheadasn fan comhair: <ul style="list-style-type: none"> ○ maoinneachadh ○ faotainneachd — aithneanas 'ceartas maoth'
D: modhan rannsachaidh nan saidheansan sòisealta agus cùisean	
<p>Modh-obrach rannsachaidh</p> <ul style="list-style-type: none"> ◆ anailis, measadh agus coimeas air modhan rannsachaidh, a' gabhail a-steach: <ul style="list-style-type: none"> — staitistigs oifigeil — suirbhidhean — tron phost, air an fòn agus air-loidhne — agallamhan — structaraichte, leth-structaraichte agus neo-structaraichte — buidhnean breithneachaidh — sgrùdadh-sùla — os ìseal agus follaiseach — rannsachaidhean tar-aimsireil <p>Measadh stòran</p> <ul style="list-style-type: none"> ◆ measadh breithneachail air bunan fiosrachaidh, a' gabhail a-steach: <ul style="list-style-type: none"> — dàta luchd-rannsachaidh eile — staitistigs is aithisgean oifigeil — sgrìobhainnean prìobhaideach is pearsanta — suirbhidhean — agallamhan — buidhnean breithneachaidh — sgrùdadh-sùla orrasan a tha, agus orrasan nach eil, a' gabhail pàirt — na tha na meadhanan a' cur a-mach 	<ul style="list-style-type: none"> ◆ measadh breithneachail air modhan rannsachaidh, a' gabhail a-steach beachdachadh air: <ul style="list-style-type: none"> — freagarrachd nam modhan — cnàmh-sgeulan sònraichte — cùisean beusail — modhan agus/no dòighean-obrach eile ◆ measadh breithneachail air bunan fiosrachaidh, le fòcas air: <ul style="list-style-type: none"> — earbsachd agus tàbhachd bun na fianaise — eòlas air mar a tha rannsachadh nan saidheansan sòisealta ga stiùireadh — iomradh air rannsachadh no stòran a bharrachd a tha buntainneach — dòighean-obrach eile a bhios a' meudachadh earbsa

<ul style="list-style-type: none">— na thathar a' cur a-mach air an eadar-lìon— sgrùdaidhean cùise	
---	--

Earrann 3: Neo-ionannachd shòisealta agus modhan rannsachaidh	
A: a' tuigsinn neo-ionannachd shòisealta	
Sgilean, eòlas is tuigse airson measadh a' chùrsa	Eisimpleirean de dhòighean-obrach a dh'fhaodar cleachdadh
<ul style="list-style-type: none"> ◆ mìneachaidhean, tomhasan agus aithneanas neo-ionannachd 	<ul style="list-style-type: none"> ◆ a' mìneachadh neo-ionannachd ◆ a' tomhas neo-ionannachd shòisealta ◆ so-ghluasadachd shòisealta ◆ diofar bheachdan air neo-ionannachd shòisealta thar ùine
<ul style="list-style-type: none"> ◆ filleadaireachd shòisealta 	<ul style="list-style-type: none"> ◆ clas sòisealta ◆ deasbad air structar an aghaidh dèanadachd ◆ meritocrasaidh ◆ so-ghluasadachd shòisealta
<ul style="list-style-type: none"> ◆ mar a tha teòiridhean an latha an-diugh air neo-ionannachd buntainneach, a' gabhail a-steach air-letheachas, foinceanachd, structaireachd agus teòiridh còmhstrithe 	<ul style="list-style-type: none"> ◆ mìneachaidhean is prìomh fheartan ◆ teòirigichean, a' gabhail a-steach: <ul style="list-style-type: none"> — Durkheim — Marx — Spencer — Parsons — Merton ◆ mar a tha na teòiridhean buntainneach ris an latha an-diugh agus eisimpleirean dhiubh ◆ geur-bhreithneachaidhean air teòiridhean
B: a' bhuidh a tha aig neo-ionannachd shòisealta	
Sgilean, eòlas is tuigse airson measadh a' chùrsa	Eisimpleirean de dhòighean-obrach a dh'fhaodar cleachdadh
<ul style="list-style-type: none"> ◆ a' bhuidh a tha aig neo-ionannachd aig ìre a' phearsa fa leth, a' gabhail a-steach foghlam, cosnadh, slàinte inntinn agus caitheamh beatha 	<ul style="list-style-type: none"> ◆ na tha a' tachairt ann an sgoil — às-dùnadh, coileanadh ann an deuchainnean, fèin-fhiosrachaidhean mì-fhàbharach cloinne ◆ foghlam adhartach no àrd-ìre agus trèanadh ◆ cosnadh agus fo-fhastachadh ◆ slàinte inntinn ◆ caitheamh beatha, mar eisimpleir reataichean smocaidh, cleachdadh stuthan toirmisgte, reataichean ro-reamhrachd
<ul style="list-style-type: none"> ◆ a' bhuidh a tha aig neo-ionannachd aig ìre ionadail, a' gabhail a-steach 	<ul style="list-style-type: none"> ◆ bochdainn còd-phuist

<p>tàthadh sòisealta, cliù, seirbheisean agus gnothachais</p>	<ul style="list-style-type: none"> ◆ na buaidhean geàrr-ùine agus fad-ùine air coimhearsnachdan ◆ cothrom air seirbheisean ◆ leubaladh agus gnàth-sheòrsachadh ◆ gnothachais, caitheamh ionadail, iarrtas ionadail agus cosnadh ionadail
<ul style="list-style-type: none"> ◆ a' bhuidhean a tha aig neo-ionannachd aig ìre nàiseanta, a' gabhail a-steach cùram slàinte, taigheadas, sochairean sòisealta agus cion-cosnadh 	<ul style="list-style-type: none"> ◆ cùram slàinte: <ul style="list-style-type: none"> — solar — iarrtas — cothrom ◆ taigheadas: <ul style="list-style-type: none"> — solar — iarrtas — cothrom ◆ sochairean sòisealta: <ul style="list-style-type: none"> — solar — iarrtas — cothrom ◆ cion-cosnadh: <ul style="list-style-type: none"> — agus gnè — agus buidhnean aoise — agus beag-chuidean cinneachail — agus roinnean-dùthcha
C: freagairtean ri neo-ionannachd shòisealta	
Sgilean, eòlas is tuigse airson measadh a' chùrsa	Eisimpleirean de dhòighean-obrach a dh'fhaodar cleachdadh
<ul style="list-style-type: none"> ◆ teòiridhean air freagairtean ri neo-ionannachd, a' gabhail a-steach air-letheachas agus co-shealbhachd 	<ul style="list-style-type: none"> ◆ mìneachaidhean agus prìomh fheartan ◆ deagh bhuilean is droch bhuilean bho air-letheachas ◆ deagh bhuilean is droch bhuilean bho cho-shealbhachd ◆ mar a tha na teòiridhean buntainneach ris an latha an-diugh agus eisimpleirean dhiubh
<ul style="list-style-type: none"> ◆ freagairtean riaghaltais ri neo-ionannachd 	<ul style="list-style-type: none"> ◆ èifeachadas aig: <ul style="list-style-type: none"> — solar shochairean sòisealta — solar cùraim slàinte — solar foghlaim — solar taigheadas — tèarainteachd shòisealta — ro-innleachdan cosnadh — dòighean-obrach reachdail

	<ul style="list-style-type: none"> — poileasaidh eaconamach
<ul style="list-style-type: none"> ◆ freagairtean bhuidhnean neo-riaghaltais (NGOs) ri neo-ionannachd 	<ul style="list-style-type: none"> ◆ a' phàirt a chluicheas buidhnean neo-riaghaltais (NGOs) agus a' bhun-obair aca ◆ comas nan NGOs a bhith ag ionadachadh na stàite ◆ NGOs agus leasachadh eadar-nàiseanta ◆ èifeachdas nan NGOs ann a bhith a' dèiligeadh ri bochdainn is neo-ionannachd
D: modhan rannsachaidh nan saidheansan sòisealta agus cùisean	
<p>Modh-obrach rannsachaidh</p> <ul style="list-style-type: none"> ◆ anailis, measadh agus coimeas air modhan rannsachaidh, a' gabhail a-steach: <ul style="list-style-type: none"> — staitistigs oifigeil — suirbhidhean — tron phost, air an fòn agus air-loidhne — agallamhan — structaraichte, leth-structaraichte agus neo-structaraichte — buidhnean breithneachaidh — sgrùdadh-sùla — os ìseal agus follaiseach — rannsachaidhean tar-aimsireil <p>Measadh stòran</p> <ul style="list-style-type: none"> ◆ measadh breithneachail air bunan fiosrachaidh, a' gabhail a-steach: <ul style="list-style-type: none"> — dàta luchd-rannsachaidh eile — staitistigs is aithisgean oifigeil — sgrìobhainnean prìobhaideach is pearsanta — suirbhidhean — agallamhan — buidhnean breithneachaidh — sgrùdadh-sùla orrasan a tha, agus orrasan nach eil, a' gabhail pàirt — na tha na meadhanan a' cur a-mach — na thathar a' cur a-mach air an eadar-lìon — sgrùdaidhean cùise 	<ul style="list-style-type: none"> ◆ measadh breithneachail air modhan rannsachaidh, a' gabhail a-steach beachdachadh air: <ul style="list-style-type: none"> — freagarrachd nam modhan — cnàmh-sgeulan sònraichte — cùisean beusail — modhan agus/no dòighean-obrach eile ◆ measadh breithneachail air bunan fiosrachaidh, le fòcas air: <ul style="list-style-type: none"> — earbsachd agus tàbhachd bun na fianaise — eòlas air mar a tha rannsachadh nan saidheansan sòisealta ga stiùireadh — iomradh air rannsachadh no stòran a bharrachd a tha buntainneach — dòighean-obrach eile a bhios a' meudachadh earbsa

Stiùireadh a bharrachd air measadh cùrsa

Pàipear cheistean

Bu chòir do dh'oileanaich eisimpleirean mionaideach, buntainneach, nua-aimsireil a thoirt sna freagairtean aca ri ceistean a tha a' sireadh fhreagairtean leudaichte, luach 30 comharra, oir bidh seo gan cuideachadh a bhith a' cosnadh comharran àrda. Far an gabhas a dhèanamh, bu chòir do dh'oileanaich bun no tùs nan eisimpleirean aca aithneachadh.

Bidh na ceistean ag iarraidh air oileanaich 'iomradh a dhèanamh air an Rìoghachd Aonaichte no Alba agus dùthaich no dùthchannan sam bith eile', agus bu chòir do thidsearan is òraidichean seo ath-neartachadh sa chùrsa. Ann am freagairtean làidir, bidh oileanaich a' dèanamh choimeasan le raon de dhùthchannan eile air feadh na freagairt aca. Anns na co-dhùnaidhean iomlan aca, bidh freagairtean làidir a' dèanamh measadh agus ag aithris air an ìre ris a bheil diofaran agus co-choltasan eadar an Rìoghachd Aonaichte no Alba agus dùthchannan eile.

Bu chòir do dh'oileanaich dèanamh cinnteach gu bheil na freagairtean aca a' freagairt iarrtasan na ceiste sònraichte a chaidh fhaighneachd. Tha buaireadh làidir ann do dh'oileanaich a bhith a' sgrìobhadh aistean 'deasaichte ro làimh' air a' chuspair choitcheann a bhios a' nochdadh sa cheist, ach is dòcha nach bi dòigh-obrach den leithid seo a' cosnadh chomharran àrda. Bu chòir do thidsearan is òraidichean oileanaich a bhrosnachadh, nuair a tha iad ag ullachadh, gu bhith a' toirt sùil air cuspairean ach a bhith so-lùbach agus deiseil a bhith a' freagarrachadh an eòlais aca chun na ceiste sònraichte.

Bu chòir do dh'oileanaich an aiste aca a phlanadh gus comharran sinteis a chosnadh. Sa chumantas, bidh freagairtean a tha a' leantainn loidhne argamaid a tha soilleir, stèidhichte air bun-bheachdan eagraichte agus ciallach, a' faighinn chomharran àrda. Bu chòir do dh'oileanaich co-dhùnadh leasaichte a ruigsinn a tha a' dèiligeadh gu h-iomlan ris a' chùis a chuireadh sa cheist, an àite a bhith a' dèanamh geàrr-chunntas air puingean a rinneadh cheana.

Anns na ceistean air modhan rannsachaidh (ceistean 4, 9 agus 14), bidh oileanaich a' coileanadh gu math nuair a tha iad eòlach air raon de mhodhan rannsachaidh agus comasach air coimeasan a dhèanamh, chan ann a-mhàin air na modhan a dh'ainmicheadh sa cheist. Bu chòir do dh'oileanaich a bhith comasach air tarraing air an eòlas aca, air an fhèin-fhiosrachadh air rannsachadh agus air sgrùdaidhean cùise, mar eisimpleir suirbhideoan air-loidhne, cunntasan bheachd agus staitistigs riaghaltais. Bu chòir do dh'oileanaich a bhith comasach air measadh a dhèanamh air cho èifeachdach 's a bha na modhan a dh'ainmicheadh airson a' chnàmh-sgeul shònraichte.

Anns na ceistean stèidhichte air stòr (ceistean 5, 10 agus 15), feumaidh oileanaich a bhith mion-eòlach air nithean a tha a' toirt buaidh air urrasachd, leithid cò às a thàinig an stòr, fianais an stòir, am modh-obrach, an dòigh-obrach a chleachdadh airson clàradh no deit foillseachaidh. Bu chòir do dh'oileanaich a bhith comasach air fianais a chleachdadh gach cuid bhon stòr agus bhon eòlas aca fhèin air rannsachadh nan saidheansan sòisealta gus measadh a dhèanamh air cho urrasach 's a tha an stòr.

Pròiseact-tràchdas

Bu chòir do dh'oileanaich cuspair a thaghadh airson sgrùdadh a tha:

- ◆ gach cuid nua-aimsireil agus buntainneach
- ◆ na chuspair nuadh-eòlais, a thaobh 's gu bheil e a' leasachadh tuigse air cùis tro bhith a' cleachdadh na dòigh-obrach aig aon de na raointean ionnsachaidh a leanas:
 - poilitigs
 - sòiseòlas
 - dàimhean eadar-nàiseanta
 - eaconamas

Bu chòir do thidsearan is òraidichean oileanaich a chuideachadh san ìre phlanaidh le bhith a' dèanamh cinnteach gun cleachd iad beachd-bharail is amasan a tha freagarrach. Bidh mòran thidsearan is òraidichean a' cleachdadh na sgrìobhainn 'Liosta ùghdarraichte de thràchdasan', a tha ri faotainn air an duilleag cuspair Nuadh-eòlas Àrd-Ìre Adhartach gus taic a thoirt don phròiseas seo. Ach bithear a' gabhail ri freagarrachadh no atharrachadh nan tiotalan seo mar a tha iad ceangailte ris a' chùis sgrùdaidh aca. Bu chòir do thidsearan is òraidichean taic a thoirt do dh'oileanaich ma tha iad a' roghnachadh tiotal a rinn iad fhèin airson an tràchdais aca. Ma tha tidsearan is òraidichean mì-chinnteach mu dheidhinn na beachd-bharail, tiotal no amasan a chaidh a leasachadh leis na h-oileanaich fhèin, faodaidh iad am foirm 'Tiotalan eile airson tràchdas' airson Nuadh-eòlas Àrd-Ìre Adhartach, a tha ri fhaotainn air an duilleig chuspair cuideachd.

Bu chòir do thidsearan is òraidichean oileanaich a chomhairleachadh gun a bhith a' tòiseachadh 'Gus faighinn a-mach...'.

Bu chòir do dh'oileanaich ceistean a chleachdadh no a thòiseachadh mar:

- ◆ De an ìre...?
- ◆ Gus anailis a dhèanamh air...
- ◆ Gus sgrùdadh a dhèanamh air...
- ◆ Gus sgrùdadh a dhèanamh air an ìre...

Bu chòir do dh'oileanaich seachnadh a bhith gu sìmplidh a' mìneachadh mar a chleachd iad modhan rannsachaidh. Bu chòir do thidsearan is òraidichean oileanaich a stiùireadh air chor 's gum bi iad a' dèanamh measadh air raon taghta de mhodhan a chaidh a chleachdadh. Bu chòir do dh'oileanaich:

- ◆ luaidh a dhèanamh air na buannachdan is cuibhreachaidhean aig na modhan a chaidh a thaghadh
- ◆ luaidh a dhèanamh air na cùisean beusail an lùib co-dhiù aon mhodha
- ◆ beachdachadh air mar a ghabadh co-dhiù aon mhodh cleachdte a leasachadh

Bu chòir do dh'oileanaich raon farsaing is iolarach de bhunan fiosrachaidh a chleachdadh. Dh'fhaodadh iar-bhunan a bhith a' gabhail a-steach teacsaichean acadaimigeach, leabhraichean-aithris, pàipearan-naidheachd, làraichean-lìn, filmichean aithriseil agus stòran lèir-chlaistinneach eile. Chan eil prìomh rannsachadh deatamach airson an tràchdais, ach

faodaidh e an rannsachadh a mheudachadh agus geur-bheachdan no seallaidhean air cùisean a thairgsinn.

Bu chòir do thidsearan is òraidichean oileanaich a stiùireadh air chor 's gum bi iad a' beachdachadh air agus a' dèanamh measadh air barailean is teòiridhean eile mar phàirt den tràchdas aca. Bu chòir do thidsearan is òraidichean dèanamh cinnteach cuideachd gu bheil oileanaich a' comharrachadh cudromachd ionadail, nàiseanta agus/no eadar-nàiseanta na cùise.

Bu chòir do dh'oileanaich co-dhùnaidhean aithghearrach a sheachnadh agus, an àite sin, co-dhùnadh a chur air adhart san tràchdas aca a bhios a' dèanamh agus a' toirt taic ri breithneachadh cothromaichte is beachdaichte air a' chùis.

Bu chòir do dh'ionadan 'stoidhle in-thaigh' airson iomraidhean a mholadh a bhios a' cuideachadh oileanaich gus dòigh-obrach chunbhalach a ghabhail. Faodaidh tidsearan is òraidichean oileanaich a stiùireadh ris na h-eisimpleirean de thràchdasan, san roinn Nuadh-eòlas, air an làrarch-lin SQA A' tuigsinn Inbhean, far am faic iad raon de dhòighean-obrach airson iomraidhean.

Tha pàipearan-taic mar fhianais dheatamach air a' phròiseas rannsachaidh a ghabh an t-oileanach os làimh. Mar eisimpleir, faodaidh iad a bhith a' gabhail a-steach tar-sgrìobhaidhean de agallamhan, litrichean agus/no puist-dealain, gach cuid air an cur agus air am faighinn, a bharrachd air toraidhean suirbhidh. Far a bheil oileanaich a' gabhail os làimh iar-rannsachadh a-mhàin, bu chòir dhaibh pàipearan-taic a chur ann, mar eisimpleir le fiosrachadh staitistigeach no grafaigeach a tha iad ag anailiseachadh, a' measadh agus ag amaladh a-steach do phrìomh bhodhaig an tràchdais. Bu chòir do thidsearan is òraidichean oileanaich a chomhairleachadh gun tèid na comharran a tha rim faotainn airson pàipearan-taic a bhuileachadh a-mhàin ma tha oileanaich a' dèanamh iomradh orra agus a' cleachdadh fianais bhuapa ann am prìomh bhodhaig an tràchdais aca.

'S e an àireamh fhaclan airson a' phròiseict-tràchdas 5,000 facal. Ma tha an àireamh fhaclan a' dol thairis air an uas-mheud barrachd is 10 sa cheud, bithear a' cur peanas an gnìomh.

Bu chòir do thidsearan is òraidichean oileanaich a bhrosnachadh gu bhith a' dèanamh an tràchdais dheireannaich le bhith a' cleachdadh nan gnàthsan a leanas:

- ◆ meud a' chruth-clò 12 puing
- ◆ beàrnadh eadar loidhnichean aig 1.5
- ◆ clò-bhualadh aon-taobhach
- ◆ cuir an àireamh fhaclan ann airson gach duilleag agus gach caibideil
- ◆ cuir an àireamh fhaclan iomlan ann.

Bu chòir do dh'oileanaich am pròiseact-tràchdas aca a dhearbhadh-leughadh mus cuir iad an tionndadh mu dheireadh a-steach.

A' leasachadh sgilean ionnsachaidh, sgilean beatha agus sgilean cosnaidh

Bu chòir do thidsearan is òraidichean cothroman air feadh a' chùrsa a chomharrachadh do dh'oileanaich sgilean ionnsachaidh, sgilean beatha agus sgilean cosnaidh a leasachadh.

Bu chòir do dh'oileanaich a bhith mothachail do na sgilean a tha iad a' leasachadh agus is urrainn do thidsearan is òraidichean comhairle a thoirt air cothroman airson an cleachdadh agus an leasachadh.

Cha bhi SQA a' dèanamh measadh foirmeil air sgilean ionnsachaidh, sgilean beatha agus sgilean cosnaidh.

Dh'fhaodadh gum bi cothroman ann cuideachd airson sgilean a bharrachd a leasachadh a rèir nam modhan-obrach a thathar a' cleachdadh airson an cùrsa a libhrigeadh anns gach ionad. Bidh seo an urra ri tidsearan is òraidichean a stiùireadh.

1 Litearrachd

Bidh an cùrsa Nuadh-eòlas Àrd-Ìre Adhartach a' toirt chothroman do dh'oileanaich gus sgilean litearrachd a leasachadh, gu h-àraid leughadh agus sgrìobhadh. Bu chòir do thidsearan is òraidichean oileanaich a bhrosnachadh gu leughadh cho farsaing 's a ghabhas, agus dèanamh sgrìobhadh leudaichte far a bheil e freagarrach, gus adhartas fhurastachadh do theisteanasan eile, ann an nuadh-eòlas no ann an raointean ceangailte, agus do shaoghal na h-obrach.

Is dòcha gum bi oileanaich a' leasachadh sgilean èisteachd is labhairt rè chòmhradh is deasbadan sa chlas. Mar eisimpleir, ghabhadh na sgilean seo a leasachadh tro dheasbadan, tro bhuidhnean beachdachaidh no tadhailean bho riochdairean à pàrtaidhean poilitigeach, buidhnean-ùidhe no na meadhanan.

Faodaidh oileanaich caochladh theacsaichean a leughadh air a' chuspair no chùis a tha iad a' sgrùdadh, a' gabhail a-steach raon de phàipearan-naidheachd ann an clò no ann an cruth eileagtronaigeach. Faodaidh iad seo a sgrùdadh ri taobh rannsachadh acadaimigeach no aithisg riaghaltais aig ìre ìomchaidh. Tha seo a' ciallachadh gum faod iad beachdachadh air iomadh diofar sheòrsa de theacsa agus beachdachadh air na buannachdan is cuibhreachaidhean aca a thaobh fiosrachadh a thoirt a chuidicheas iad gus aistean agus pròiseact—tràchdas a sgrìobhadh.

1.1 Leughadh

Bidh oileanaich a' leasachadh nan sgilean litearrachd aca ann an dòighean cudromach tro leughadh:

- ◆ pàipearan-naidheachd (faodaidh seo sgilean a leasachadh airson taic agus dùbhlana a chur ri beachdan le bhith a' cleachdadh fhìrinnean)
- ◆ teacsaichean acadaimigeach
- ◆ blogaichean agus leabhraichean-latha
- ◆ làraichean-lìn

1.2 Sgrìobhadh

Bu chòir do thidsearan is òraidichean oileanaich a bhrosnachadh gus sgrìobhadh leudaichte a ghabhail os làimh ge be càit a bheil e freagarrach. Mar eisimpleir, feumaidh oileanaich eòlas agus tuigse a chur an gnìomh air raon de chùisean poilitigeach no sòisealta an latha an-diugh agus feumaidh iad a bhith comasach air dòigh choimeasach a chleachdadh, agus bidh na riatanasan sin a' toirt sàr chothrom do dh'oileanaich gus sgil sgrìobhaidh leudaichte a leasachadh.

Bidh oileanaich a' leasachadh nan sgilean sgrìobhaidh aca le bhith:

- ◆ a' cruthachadh cheisteachan agus suirbhidhean
- ◆ a' cruthachadh cheistean airson agallamh
- ◆ a' sgrìobhadh litrichean ri pearsachan buntainneach
- ◆ a' leasachadh sgilean airson nòtaichean a ghabhail
- ◆ a' dreachdadh agus ag ath-dhreachdadh gheàrr-chunntasan bho nòtaichean
- ◆ ag ullachadh nòtaichean airson pàirt a ghabhail ann an còmhradh is deasbad
- ◆ ag eagrachadh smuainean le bhith a' coileanadh mapa bhun-bheachdan le fiosrachadh mionaideach
- ◆ a' dreachdadh agus ag ath-dhreachdadh stuthan airson aiste no airson a' phròiseict-tràchdas
- ◆ a' fineachadh smuainean le bhith a' sgrìobhadh lèirmheas air an obair aca fhèin agus a' toirt fa-near planaichean airson leasachaidh

2 Àireamhachd

Bidh oileanaich a' leasachadh sgilean àireamhachd le bhith a' measadh raon de stòran àireamhach, staitistigeach agus grafaigeach rè ghnìomhan stèidhichte air stòran, agus tro chothroman rannsachaidh.

Bidh eòlas air làimhseachadh stòran a' toirt chothroman do dh'oileanaich a bhith a' dèiligeadh ri raon de ghrafaichean, clàran agus cairtean, leithid:

- ◆ anailis air dàta thaghaidhean
- ◆ dàta à staitistigs oifigeil
- ◆ cunntasan bheachd

Faodaidh oileanaich cuideachd suirbhidhean no ceisteachain a dheilbh agus a ghabhail os làimh agus faodaidh iad na dàta tionailte a thaisbeanadh ann an grafaichean, clàran no cairtean.

Bu chòir do thidsearan is òraidichean stòran staitistigeach a chleachdadh gus gnìomhan freagarrach a chruthachadh air feadh a' chùrsa.

2.3 Làimhseachadh dàta

Air feadh a' chùrsa, bidh oileanaich a' leasachadh sgilean làimhseachadh dàta, a' gabhail a-steach cleachdadh agus tional dàta àireamhach, aithrisean sgrìobhte acadaimigeach, agus teacsaichean bho phàipearan-naidheachd is na meadhanan. Bidh oileanaich a' leasachadh nan sgilean ceangailte ri measadh a dhèanamh air tàbhachd fiosrachaidh airson an

rannsachaidh aca. Bidh iad ag ionnsachadh a leughadh stòran gu breithneachail, ag aithneachadh agus a' dèiligeadh ri claon-bhreith, agus a' comharrachadh diofar bheachdan air cùisean.

4 Comas-obrach, iomairt agus saoranachd

4.6 Saoranachd

Aig ìre Àrd-Ìre Adhartach, bidh oileanaich a' leasachadh saoranachd tro bhith a' doimhneachadh na tuigse aca air cùisean fa chomhair co-chomann an latha an-diugh. Feumaidh iad an t-eòlas is an tuigse aca air eileamaidean firinneach de chùisean sòisealta is poilitigeach a chur an gnìomh. Feumaidh iad sin a cheangal ri beachd-smuainean eas-chruthach agus teòiridheach far a bheil feum ann airson tuigse nas doimhne agus nas mionaidiche.

Faodaidh oileanaich an litearrachd phoilitigeach is na sgilean saoranachd aca a leasachadh ann an caochladh dhòighean mar phàirt den rannsachadh airson a' phròiseict-tràchdas aca, no mar thaic do ghnìomhachdan sa chlas, mar eisimpleir:

- ◆ a' sgrìobhadh litrichean no puist-dealain
- ◆ a' toirt fiathachadh do luchd-tadhail a thighinn don sgoil
- ◆ a' dol a-mach air cuairtean rannsachaidh

5 Sgilean smaoineachaidh

5.3 A' cur an gnìomh

5.4 Ag anailiseachadh agus a' measadh

Aig ìre Àrd-Ìre Adhartach, is fheudar do dh'oileanaich an t-eòlas is an tuigse aca air eileamaidean firinneach de chùisean poilitigeach is sòisealta a chur an gnìomh. Feumaidh iad sin a cheangal ri beachd-smuainean eas-chruthach agus teòiridheach far a bheil feum ann airson tuigse nas doimhne agus nas mionaidiche. Bidh seo a' comasachadh oileanaich gus beachd-smuainean eas-chruthach dùbhlach a rannsachadh tro bhith a' dol an sàs ann an raon farsaing de bhun-stuth, agus tro bhith a' dèanamh measadh agus sinteis air fiosrachadh. Bidh doimhneachd an sgrùdaidh seo gan comasachadh a dhol an sàs sa chuspair gu h-iomlan.

Bidh an cùrsa seo a' leigeil le oileanaich diofar bhunan fiosrachaidh a chleachdadh, a' gabhail a-steach litreachas acadaimigeach, stòran à pàrtaidhean poilitigeach no buidhnean-ùidhe, artagailean pàipeir-naidheachd no air-loidhne agus blogaichean. Bu chòir do thidsearan is òraidichean oileanaich nas comasaiche a stiùireadh ri bunan fiosrachaidh a tha nas iom-fhillte agus a dh'fhaodadh a bhith nas beartaiche.

Pròiseact-Tràchdas

Tro bhith a' coileanadh a' phròiseict-tràchdas, bithear a' faighinn chothroman gus sgilean ionnsachaidh, sgilean beatha agus sgilean cosnaidh a leasachadh agus a dhoimhneachadh. Bidh cothroman aig oileanaich a bhith a' leasachadh an sgilean leughaidh is sgrìobhaidh fhad 's a tha iad a' rannsachadh a' chuspair aca agus a' sgrìobhadh an tràchdais aca. Bidh iad a' leasachadh ionnsachadh pearsanta fhad 's a tha iad ag obair gu neo-eisimeileach gus cuspair no cùis a chomharrachadh agus fhìneachadh, agus fhad 's a tha iad a' dèanamh rannsachadh. Bidh iad a' leasachadh saoranachd tro bhith a' doimhneachadh na tuigse aca

air cùisean iom-fhillte ann an co-chomann an latha an-diugh. Bidh oileanaich a' dèanamh measadh air feumalachd nan diofar stòran, agus bidh iad a' cur an cèill beachdan reusanta aig a bheil taic bho fhianais. Bidh am pròiseact-tràchdas a' toirt chothroman a bhith a' leasachadh an sgil far am bi iad a' dèanamh sinneis air fiosrachadh gus taic a thoirt do cho-dhùnidhean is argamaidean.

Fiosrachadh rianachd

Foillsichte: An Gearran 2019 (dreach 2.0)

Eachdraidh atharrachaidhean

Dreach	Tuairisgeul air atharrachadh	Deit
2.0	Nòtaichean taic cùrsa air an cur ris mar phàipear-taic	An Gearran 2019

Nòta: seall air làrach-lìn SQA gus dèanamh cinnteach gu bheil thu a' cleachdadh an dreacha as ùire den sgrìobhainn seo.

© Ùghdarras Theisteanas na h-Alba 2014, 2019